

## Tìotal: Dèan gu math e

### Pàirt 4: An dàimh fheiseil a tha mi ag iarraidh dhomh fhìn

Ìre: ÀRD

Ceanglan CfE

A thaobh a’ Churraicealam airson Sàr mhathas tha an ire seo a’ leudachadh agus a’ cur ris na chaidh ionnsachadh aig a’ Cheathramh Ìre



| Eòlasan agus builean  | Slatan-tomhais   |
|---|--|
| <ul style="list-style-type: none"> <li>Tha mi a’ tuigsinn cho cudromach ‘s a tha e a bhith a’ faighinn spèis agus a’ toirt spèis do dhaoine tro dhàimhean, agus ‘s urrainn dhomh innse carson. HWB 4-44a</li> <li>Tha mi a’ tuigsinn, agus ‘s urrainn dhomh mìneachadh, cho cudromach agus feumail ‘s a tha dìlseachd, earbsa agus spèis ann an dàimhean gaolach agus ghnèitheasach. Tha mi a’ tuigsinn nan diofar cho-theacsan co-cheangailte ri dàimhean mar sin, nam measg pòsadh. HWB 4-44c</li> <li>Tha mi a’ tuigsinn gum faod cumhachd a bhith an taobh a-staigh dhàimhean agus gum faod sin a bhith air a chleachdadh ann an dòigh mhath cho math ri dòigh dhona. HWB 4-45a</li> <li>Tha mi a’ faighinn sgilean airson co-dhùnaidhean a dhèanamh mu dhàimhean agus dol-a-mach ghnèitheasach. ‘S urrainn dhomh iad sin a chur gu feum ann an suidheachaidhean dùbhlach no doirbh. HWB 4-46c</li> <li>Tha mi a’ beachdachadh air mar a bheir mo bheachdan, chreideasan, luachan is moraltachd buaidh air mo chodhùnaidhean mu chàirdeas, dhàimhean is dhol-a-mach ghnèitheasach. HWB 4-46a</li> </ul> | <ul style="list-style-type: none"> <li>A’ daingneachadh carson a tha dìlseachd, earbsa agus spèis aig meadhan cùraim dhutsa agus do dhaoine eile.</li> <li>Mìneachadh cudromachd aonta air luachan is amasan ann an cumail suas dhàimhean gaol agus fheiseil, mar eisimpleir, spèis do chàch a chèile, aonta mu fheise.</li> <li>A’ dèanamh sgaradh eadar cumhachd agus mì-fheum cumhachd ann an dàimhean, mar eisimpleir, spèis, earbsa, fòirneadh, aonta.</li> <li>A’ sealltainn nan sgilean a dh’fheumar airson suidheachaidhean dùbhlach ann an dàimhean a làimhseachadh, a’ gabhail a-steach dàimhean feseil, mar eisimpleir, co-rèiteachadh, co-fhaireachdainn, ruighinn cho-dhùnaidhean.</li> </ul> |

#### Amasan Ionnsachaidh

- Gum meòraich daoine òga na tha a’ dèanamh deagh dhàimh, agus dè na h-eòlasan ann an dàimh a dh’fhaoadadh dragh a chur orra no a bheireadh orra dàimh a thoirt gu crìoch.
- Gun rannsaich daoine òga nas urrainn buaidh a thoirt air roghainnean mu bhith a’ dèanamh dàimh fheiseil, agus ma thachras sin, cò ris a dh’fhaodadh dàimh fheiseil a bhith coltach.
- Gum meòraich daoine òga air co-dhiù a tha iad deiseil airson dàimh fheiseil, agus gam brosnachadh gus dàil a chur air feise gus am bi iad deiseil.
- Gum beachdaich daoine òga air ‘còraichean dàimh’.

#### Slatan-tomhais soirbheachaidh

- ‘S urrainn dhomh innse na bhiodh deagh dhàimh a’ ciallachadh dhòmhsa.

- Tha mi a' leasachadh sgilean agus misneachd gus co-dhùnaidhean a dhèanamh mu na dàimhean pearsanta agam, a' gabhail a-steach dhàimhean feiseil.

### Goireasan-taic

- Slaighdean PowerPoint
- How do you know if someone wants to have sex with you? **Film goirid bho** Planned Parenthood sna Stàitean Aonaichte (3 mionaidean 50) <https://youtu.be/qNN3nAevQKY>

*Ma tha sibh an dùil làrach-lìn mar YouTube a chleachdadh, cuiribh a' bhidio air dòigh ro-làimh, dèanaibh cinnteach gur e am film ceart a th' ann agus leumaibh seachad air na sanasan.*

Tha an seisean seo a' sgrùdadh cho cudromach 's a tha tlachd agus tha e a' brosnachadh còmhraidh mu bhuidh pornografaidh. Tha e a' bualadh cuideachd air aonta mar chuspair. Tha na cùisean seo a' faighinn tuilleadh fòcas ann an leasan eile aig an TREAS/CEATHRAMH agus an ÀRD Ìre.

### Obair

1. Tòisich le ruith thairis/fòcas air cuspair bho na seiseanan a bh' agaibh roimhe, cuimhnich dha na daoine' òga gun robh iad a' bruidhinn mu bhith ri feise airson a' chiad uair agus a' smaoinachadh air mar a bhiodh fios aca gun robh iad deiseil airson a bhith ri feise. Seall an dà shlaighd airson a chur nan cuimhne: **Ciamar a tha fios agad gu bheil thu deiseil airson a bhith ri feise?** Cuimhnich dha na daoine' òga gum bi seo a' seasamh airson a' chiad turas ri feise 's airson a' chiad turas agus gu dearbh airson turas sam bith còmhla ri cèile.
2. Air adhart chun an t-seisein, agus mìnich san àm a dh'fhalbh gu bheil daoine' òga air càineadh a dhèanamh air foghlaim feise no 'sex ed' san sgoil bhon nach robh e a' cuideachadh le rudan fìor san robh ùidh aca. San leasan seo bithear a' cleachdadh bheachdan bho dhaoin' òga ann an Alba a ghabh pàirt ann an rannsachadh. Seo na thuirt neach aca. Seall an slaighd:

*Tha foghlaim feise no 'Sex ed' gar cur dheth bho bhith ri feise. Tha e a' cur cuideam air a h-uile sìon a tha dona, STI an agus a' bhith a' fàs trom le pàiste nuair nach robh thu airson. Cha bhi iad a' bruidhinn mu na tha math ... tha mi a' smaoinachadh nach eil iad airson innse dhuinn gum faod e bhith math/tlachdmhor; gun fhios nach bi a h-uile neach airson a bhith ris. (aois 16)*

3. Inns, san t-seisean seo gum bi daoine' òga a' meòrachadh air na tha a' dèanamh feise ann an dàimh math. Tòisichidh sinn leis an sin. Gnìomh còmhla ri caraid: Dèanaibh 2 liosta – aon leis a h-uile sìon a tha a' dèanamh feise na fheise math. Agus an dàrna liosta leis a h-uile sìon a tha a' dèanamh feise na fheise dona. Inns dha na daoine' òga nach bi aca ris na liostaichean seo a thoirt seachad, bidh iad air an cleachdadh airson an deasbaid a bhios agaibh.
4. Iarr air na daoine' òga na liostaichean a chur gu aon taobh. An uair sin faighnich: **An do chuir duine tlachd air an liosta? No a' faighinn tlachd à feise?** Èist ris na freagairtean. Inns gun do dh'fhaighnich an rannsachadh Albannach mu bhith a' faighinn toileachadh à feise, mu thlachd. Seo cuid dhe na thuirt na daoine' òga. Mar a tha thu a' sealltainn nam beachdan/slaighdean (4), broснаich fios-air-ais, ceistean no còmhraidh. (Nota: droch sheanchas)

- *Am faod mi rud gu math follaiseach a ràdh, tha dùil agam ri tlachd bho fheise. (aois 16)*
- *Feumaidh sibh bruidhinn, ach tha e doirbh, nàrach. (aois 16)*
- *Tha tlachd dhòmhsa mu bhith a' toirt air càch a chèile a bhith a' faireachdainn miann agus mu bhith a' cur seachad ùine laghach, romansach còmhla. Bu chòir dhan dithis chèilean an gaol agus an gràdh sin fhaireachdainn. (aois 19)*
- *'S e tlachd ... spòrs, toileachadh, dàimh, gaol, miann. (aois 16)*
- *'S e tlachd ... cudailean agus Netflix 's chill (aois 17)*
- *Cha bhi a' mhòr-chuid de fhireannaich a' smaoinichadh mu thlachd na h-ighne – no mu na faireachdainnean aca. (aois 17)*
- *Tlachd? Na bi ro chabhagach – 's dòcha a' faighinn feise beòil no corrag an toiseach. Feumaidh tu a bhith cofhurtail airson dlùth-eòlas fhaighinn us airson a bhith cofhurtail feumaidh earbsa a bhith agad sa neach a tha còmhla riut. (aois 16)*
- *Bu chòir dha bhith tlachdmhor dhan dithis agaibh. Tha e a' ciallachadh a bhith a' bruidhinn ri chèile agus ag obrachadh rudan a-mach. Chan eil e reusanta no coltach gum faigh sibh a h-uile sìon ceart a' chiad turas còmhla. (aois 16)*

5. **A bheil buaidh aig pornografaidh air na beachdan a th' aig daoine' òga mu fheise, no na tha iadsan ag iarraidh bho fheise?**

Inns dha na daoine' òga gur e rud eile a thàinig às an rannsachadh Albannach mar a tha pornografaidh air buaidh a thoirt air na tha daoine' òga a' smaoinichadh mu fheise agus na bhios iad a' dèanamh, *ach dè tha iadsan a' smaoinichadh?* Cuir a' cheist, iarr orra bruidhinn ann an dithisean/buidhnean beaga agus fios a thoirt air ais. An uair sin seall an slaighd, le beachdan bho dhaoine' òga, agus brosnach còmhradh. Tro chòmhradh tarraing aire agus brosnach meòrachadh air na tha dùil aig gnèithean ris.

*Gu cinnteach tha dùil ann gum bi orgasam agad, fiù 's ged nach urrainn dhut no mura h-eil thu ann an triom, Tha mi a' smaoinichadh gu bheil fir a' smaoinichadh gum bi orgasam agad cho luath 's a shuathas iad annad. Cha bhi iad a' bruidhinn mu orgasam 's msaa san sgoil, mar sin mura h-inns thu dhaibh, no mura faighnich iad dhut, 's tha sin dìreach gad nàrachadh, ciamar a bhiodh fios aig fireannaich mu dheidhinn? Chan eil e mar a tha e anns na ' pornos'.* (aois 17)

*Tha buaidh aig pòrn air na tha daoine a' smaoinichadh, 's dòcha gum bi daoine a' smaoinichadh gu bheil iad ag iarraidh rud a tha iad a' faicinn agus an uair sin chan urrainn dhaibh diùltadh.* (aois 16)

6. Air ais gu **liostaichean nan daoine' òga** mu na rudan gu lèir a nì feise, na fheise math agus liosta eile, de na rudan a dhèanadh feise na fheise dona. Seall an slaighd: **Tha rannsachadh farsaing air-loidhne ag innse dhuinn gu bheil feise math ...** mar a tha sibh a' dol tron liosta dèan sgrùdadh/faighnich an tàinig na rudan seo, no na rudan a tha a' dol calg-dhìreach nan aghaidh suas ann an liostaichean nan daoine' òga. Dè tha na daoine' òga a' smaoinichadh dhen liosta seo? A bheil sìon air na liostaichean aca fhèin a tha iad a' smaoinichadh bu chòir a bhith air an fhear seo?
7. **How do you know if someone wants to have sex with you?** Airson crìoch a chur air an t-seisean seo, minich gum feum sinn bruidhinn air **aonta**, 's e pàirt bhunaiteach a th' ann de dheagh fheise. Coimheadaidh sinn air an fhilm ghoirid seo. (3 mion. 50) <https://youtu.be/qNN3nAevQKY> Fàg greis

airson ceistean no beachdan agus mol, mar chlas gun till daoin' òga chun a' chuspair seo a-rithist. Cruinnich a-staigh pàiperan/liostaichean 's msaa, srac iad agus cuir iad dhan bhion.

### Ceangal ris an dachaigh

Tha teacs an cois an leasain *An dàimh a tha mi ag iarraidh dhomh fhìn* a ghabhas cleachdadh airson fios a chur dhachaigh mun bhloc ionnsachaidh seo.

### Tha goireasan ionnsachaidh eile rim faighinn co-cheangailte ris na stuthan curraicealaim RSHP seo

- An dàimh a tha mi ag iarraidh dhomh fhìn
- Ciamar a bhios fios agad gu bheil thu deiseil airson feise?
- Ciamar agus carson a bu chòir dàimh a chrìochnachadh?

### Nòtaichean Tidseir